





Digitized by the Internet Archive  
in 2013

# FOCAL DO LUCHD-EISDEACHD,

## LE AON DO'N CHLEIR.

---

“ Thugaibh an aire, Ciod a dh'eisdeas sibh.”  
“ Thugaibh an aire, Cia mar a dh'eisdeas sibh.”  
“ Thugaibh an aire, Co a dh'eisdeas sibh.”  
“ Thugaibh an aire, C'ait an eisd sibh.”  
“ Thugaibh an aire, 'Nuair a dh'eisdeas sibh.”

1. “ THUGAIBH an aire, Ciod a dh'eisdeas sibh.”

Is e aithne sheasmhach ar Tighearna d'a uile mhinisteir—“ an soisgeul a shearmonachadh do gach creutair.” A'nis ciod e an soisgeul? Sgeul aoibhneach do shaoghal caillte; agus tha so na aonar a dearbhadh “ cumhachd Dhe chum slainte duine;” uime sin, cha'n urrainn duil a bhì “ ri cumhachd;” gu brath far nach'eil an soisgeul air a shearmonachadh. Ach na's ro-shoilleire, co a tha toilltinn aintm searmonaiche an t'soisgeil? An duine a bheir air aghaidh gu firinneach nà tri puinc shonruichte sin—LEIR-SGRÍOS. SAORSA, agus ATH-NUADHÁCHADH.

Air a threoruchadh le canain an teagasc-neamhaidh, tha e feuchainn do'n duine a LEIR-SGRÍOS iomlan anns a cheud Adhamh; gu bheil cridheachan nan uile dhaoine, a thaobh an tuiteam, “ cealgach-thar na h-uile nithe, agus do leigh-sas;” Ier. xvii. 9. “ gu'm bheil aingidheachd aí duine comor air an talamh, gu bheil uile b'hreithneadh agus smuainte a chridhe amhain olc, agus sin an comhnuidh; Gen. vi. 6. Tha 'n cinne-daonna na's faide air an ainmeachadh mar air an “ lionadh do'n uile éucoir striopachas, olc, shann, mhi-run; lan do fhármad, do mhortadh, do chonnsachadh, do cheilg, do dhroch-bheusaibh; nan luchd-cogarsaich, 'nan luchd-anacainnt, 'nan luchd-fuath air Dia, 'nan luchd tarcais, uaibhreach, 'nan luchd-raiteachais, 'nan luchd-cumadach.

uile, eas-umhal do pharantaibh, ea-ceillidh, 'nan luchd-bris-  
idh coimhcheangail, gun ghradh nadurra, do-reiteachaidh,  
neo-thruacanta." Rom i. 29, 30, 31. Aris, anns an treas  
caibideal do'n litir cheudna, tha e air a radh mu'n chinne-  
daonna uile, "Chlaon iad uile as an t-slighe, tha iad uile  
mi-tharbhach, cha'n-eil neach a tha deanamh maith; cha'n  
'eil fiu a h-aon; is uaigh fhosgailte an scornach; labhair iad  
cealg le'n teangaibh, tha nimh nan nathracha nimhe fuidh'm  
bilibh: aig am bheil am beul Ian do mhalluchadh agus do  
sheirbhe, tha an cosa luath a dhortadh folá, tha leir sgrios  
agus truaighe nan slighibh: agus slighe na sith cha b'aithne  
dhoibh," agus an ni a's measa uile, "cha'n-eil eagal De fa  
chomhair an súl;" Rom. iii. 12—19. Cha'n-eil an so fathast,  
ach cunntas ro-ghoirid mu staid an duine o fhocal De; is i  
eachdraidh a Bhiobuill eachdraidh ar gineil air tuiteam agus  
air a thruailleadh. Anis "tha fearg Dhe air a foillseachadh  
o neamh an aghaidh gach uile mhi-dhiadhuidheachd, agus  
eucoir dhaoine;" agus tha binn chothromach an lagha  
naomha ? Dia air a toirt amach cheana an aghaidh nan  
uile, "aoine chum ditidh; "oir is e tuarasdal a pheacaидh am  
as," agus "an t-anam a pheacaicheas gheibh e bas;" agus  
tha na nithe sin scriobhita, "chum gu druidear gach uile  
bheul, agus gu m bi an saoghal uile buailteach do dhiteadh  
Dhe." Mar so cuiridh am ministeir firinneach air tus an  
ceil, "leir sgrios a chinne-daonna."

SAORSA trid Iosa Criod na aonar, is e an ath-sheanachas  
a sparras e chum a chridhe. Cha'n-urrainn oibre sam bit  
againne na lochdan a chuir sinn an gniomh cheana a thoir  
air falbh gu brath. Rinn organach mi-shona caoidh mar so air  
son a chionta, leis an d'fhag e bheatha buailteach do lagh a  
dhubha, "Rinn mi, ars esan, an ni sin a mhill mi, agus n  
ach urrainn mi gu brath a thoirt air ais a ris" Ceart mai  
sin tha e maille ruinne, rinn ar deanadais ar milleadh, agus  
iad sin ch'un urrainn sinn an toirt air an ais gu brath. Cheum  
an Tighearn Iosa a steach mar urras air son an duine, agus  
"dh'fhuiling am firean air son nan neo-shirean, chum gu'n  
d'thugadh e sinne gu Dia." agus cha'n-eil "ainm air bit  
eile fuidh neamh air a thoirt am measg dhaoine, tre'm feud  
duine a bhi ar a shabhaladh, ach ainm an Tighearna Iosa  
Criod:" oir "tha saorsa na fhuil-san, eadhon maitheana  
n'ar peacanna a reir saibhreas a ghrais; agus tha sinn air a  
fireanachadh gu saor le ghras, tre'n t-saorsa a ta ann an Ioss

Criosd, neach a shonraich Dia na iobairt reitich, trid creidimh na fhuil, chum fhireantachd fhoillseachadh le maithean-as na'm peacadh a chaidh seachad;" agus so uile a dh'fhoill-seachadh na diomhaireachd mhor so a tha air a leigeadh ris san t-soisgeul, " cia mar a dh'fheudas Dia a bhi cothromach, agus gidheadh na fhear-fireanachaидh air an ti a chreideas ann an Iosa;" Rom. iii. 24,—27. Ni'n gabh ministir firinneach an t-soisgeil do dhanadas an fhireantachd a shaoilear a bhi aig an duine a mheasgadh maille ri saorsa Iosa Criosd, ò'n is i fhireantachd san, (a tha do na h-uile agus air na h-uile a chreideas,") an t-aon dochas air fhoill-seachadh ann am focal De air an urrainn peacach na h-inntinn iriosail a thaic a leagadh. Is e Criosd a għliocas, fhireantachd, a naomhachd, a shaorsa; an t-slige chum an Athar; firinn a Bhiobuill; agus beatha anamanna a shluagh a ta creidsinn. Anns na h-uile seadh aig an fhocal 'S esan, " na h-uile anns na h-uile."

Is e'n comharadh mu dheireadh aig ministir firinneach an t-soisgeil, gu'n d'thoir e air aghaidh teasgasg ro-chud-thromach an ATH NUADHACHAIDH agus naomhachaидh tre chumhachd an Spioraid Naoimh air anamanna na h-uile do'n mhuinntir thagħta, a cheannaich fuli an Fhirsashaoruidh. Tha e creidsinn, gu'n robh iad sin uile air an roimh-orduchadh gu bhi air an deanamh comh-chosmhui ri iomhaigh na diadhachd, gu'm bi iad ann an am iomchuidh air an naomhachadh, no air an cur air leth air son Dhe, chum's gu'n caith iad am beatha air a toirt suas chum a ghloir, a reir riaghailt neo-atharruichte a lagħ naomha-san; no a cordadh ri canain an scriobtuir, tha e feuchainn, gu'r eigin duinn a bhi, air 'ur "n-ath-nuadhachadh, no air 'ur breith a ris; no air 'ur bhreith o'n-airde; no air 'ur breith o'n Spiorad: no air 'ur breith o'n t'siol neo-thruaillidh; no bhi air 'ur deanamh 'nar nuadh-chreutairean ann an Iosa Criosd, no 'nar luchd-comhpait do nadur na diadhachd; no intinn Chriosd a bhi againn, no Spiorad Dhe a bhi gabhail comhnuidh annainn." Na's faide tha e buanachadh gu cudthromach air, nach eil na h-earranna sin do'n scriobtuir, maille ri caochladh eile do earrannaibh do'n bhrigh cheudna; gu bhi air an gabhail mar bhriathra na cosalachda gu'n seadh; ach gu bheil cumbachd oscionn naduir air a dheonachadh do'n inn-tinn, tre'n urrainn a mhain nadur truaillidh an duine a bhi

air atharrachadh, agus anam air a' dheanamh sgiamhach le grasaibh agus toradh an Spioraid.

Feuchaidh e gu'r iad sin an sluagh sonruichte a rinn am Fear-saoruidh Naomh "a għlanadha dha fein, chum gu'm bi iad eudmhorr mu dheadh oibribi, agus a tha air an deanamh comasach air teagasc Dhe ar Slanuifhear a dheanamh maiseach anns na h-uile nithib, anns na h-uile gne do chaittheadh beatha, naomha agus diadhachd;" agus mar so, am feadh (a tha iad) gu h-uile marbh do'n lagħ, mar chumhnanta nan gniomh, għidhekk tha iad a faireachdu inn aitheanta beannuicte, "leis an Spiorad Naomha, air a għearradħ air an cridheachan;" uime sin tha iad a toirt urram dha na cheanglaichean siorruidh, agus iad a caoidh an grainealachd laitheil na shealladh-san. Mar so bithidh ministieir an t-soisgeil air a ghleidh o inntinn a luchd-eisdeachid a chur air seacharan le bhi cumail a suas na cumbachdan a shaoilear a bhi aig an toil dhaonnachdail, mar gu'm b'ann uaithesan leis an aill, na uaithesan a ruitheas, agus ni h-ann o Dha a tha nochdadh trocar.

Ni mo a chuireas e gu dall an ceil ciod am maith mor is urrainn aon chuid an riasan, na choguis aig duine nadurra a dheanamh; an uair nach urrainn dha ach riasanachadh o għliocas a shaoileas e a ta aige fein, ni a ta air a chur an ceil ann am focal De, gu bhi, "talmhaidh, collaidh, agus diabħlaidh :" Seum. iii. 15. agus uaithe so cha'n 'rrainn dha gu brath a bhi air ath-leasuchadħ le coguis air a dalladħ agus air a truailleadħ, do nach aithne cia co firinneach a bheir i caismeachd seachad, ach is urrainn miodal gu h-uamħ-asach, ag radh "Sith, sith, an uair nach 'eil sith ann do'n aingidh," do'n neach a tha a's eugħmhais Chrisod, do'n pheacach neo-athnuadhaichte. Mar so deanadħ iadsan uile aig am bheil meas air rabħadħ Chriod, an aire thoirt CIOĐ a tha iad ag eisdeachd." A reir nan riaghailtean sin, a bha ach beag air an toirt focal air fhocal o'n scriċċtuir, iarradħ iad a deigh "na firinn, an t'iomlan do'n fħirinn, agus gun ni sam bith ach an fħirinn;" agus għeibh iad am beannuchadħ aige air an cridheachan fein, agus dochas glormhor air a chur rompa ann an slainte shaor an t-soisgeil.

2. "Thugaibh an aire *Cia mar a dh'eisdeas sibh.*" Feudaidh so a bhi air a thoirt fainear mar a bhi buntuinn ri *giulan* agus *gne* fear-eisdeachd an t-soisgeil. Bu choir do fheareisdeachd an t-soisgeil guidhe air son gne a reir an t-soisgeil; is e sin, *gne* iriosal agus so-theagascg. Is iad an dream is

glice agus is mo a tha air an toirt fein suas do dh'eagal an Tighearn, is ro mhothachaile gu'm bheil feuin aca air teagastg, agus is toigh leo suidhe aig cosan Iosa, chum's gu'n cluinn iad a bhriathra. Tha aithrichean ann an Dia ga'm faireachd-uinn fein fathast neo-iomlan, agus tha deidh aca air a bhi foghlum. Ma's e so gne an samhuil sin a tha co glic agus co maith, cia neo-chubhaidh a ta e an uair a ta am fior nuadh-chreideach ann an diadhachid muinghinneach gu'r aithne dha na h-uile ni, na ciod am beannachadh ris an ion fiughair a bhi, ma tha spiorad an uabhair agus na fein-speis a seideadh suas a bharailean diombain, am seadh a tha e na shuidhe fuidh fhuaim iriosal na firinn dhiadhaidh? Cluinneam-aid an t-Abstol Pol mu thimchioll an ni so; "Atuidh an t-eolas suas, ach bheir gradh foghlum. Agus ma ta aon duine a' saoilsinn gu bheil eolas ni sam bith aige, cha'n aithne dha aon ni fathast mar bu choir dha aithneachadh: oir ma shaoileas duine gur ni eigin e fein, gun bhi ann ach neo-ni, tha e 'ga mhealladh fein." 1 Cor. viii. 1, 2, Gal. vi. 3. Bu choir do gach fear-eisdeachd an t-soisgeil uime sin a chuimhneachadh gur e duine a tha e cluinntinn, cha'n e aingeal; duine aig am bheil comh-aigne ris fein; agus deanadh e a chridhe fein a cheasnuchadh; feudaidh e bhith gu'm faic e tuilleadh aobhair ann fein gu caoidh a dheanamh airson a dhroch-eisdeachd, no gheibh e anns a mhinisteir gu choireachadh, air son a dhroch-shearmonachadh. Gidh-eadh tha e air a cheaduchadh, gu'm bu choir sreang a bhi air a tharruing, agus cha'n'e beagan crionnachd a bhitheas feumail chum an t sreang a tharruing; oir gu cinnteach, cha'n'eil e ri bhi air a chlaradh air luchd eisdeachd gu bheil iad gu gabhail ri mearachd air son firinn, na ni gun seadh air son tuigse; ach cha bhi inntinn iriosal air a fagail ann am mealladh sam bith do thaobh an ni so: oir a deir Criod, "Ma's aill le neach sam bith a thoilsan a dheanamh, bithidh fios aige mu'n teagastg an ann o Dhia a ta e, na'm bheil mise a' labhairt uam fein."

A ris, cha'n e mhain gu'm bu choir dhuinn eisdeachd le h-irioslachd, ach le h-urnuigh. Tha urnuigh a seoladh an fhear-eisdeachd gu amhaic thairis air anmhuinneachd an t-searmonaiche, agus gu bron a dheanamh air son anmhuinn-eachd fein. mar so tha e air a dheanamh comasach air beathachadh a tharruing o na h-uile ni maith a bha air a liubbairt le taingealachd naomha an lathair Dhe.

Bithidh aig na h-uile fear-eisdeachd, a tha sealbhachadh spiorad na h-urnuigh deadh-chail air son searmoin spioradail ; ni e feisd air maith cait' air bith am faigh se e.—“ Tha ocras agus tart na corach air,” agus am seadh a tha a chail mar so air a suidheachadh air son biadh spioradail, bithidh beag suim air a ghabhail leis do fhior dheasachadh na searmoin ; ni h-eadh, na bharail-san searmoin air am bheil tuilleadh sa choir do dheasachadh, is searmoin i a tha daonnan air a milleadh ; tha cail thruailte air a dearbhadh le bhi sior iarruidh air son na meise is airde deasachadh. Chuir an Naomh Pol cul ris an doigh ard-labhrach so air searmonachadh ; cha d'thainig e le oirdheirceas cainnte, no le gliocas daonna idir chum an soisgeul a shearmonachadh do na Corintianaich, mar a ta e fein a cur an ceil ; cha robh fhocal agus a shearmonachadh “ ann am briathraibh milse gliocas daonna, ach ann lan-dearbhadh an Spioraid, agus a' chumhachd,” an t-eagal agus gu'm biodh anamanna air am mealladh leis—“ an t-eagal agus gu'm biodh an creidimh-san a seasamh ann an gliocas duine agus ni h-ann ann an cumhachd Dhe.

An leithidibh sin do luchd-eisdeachd, uime sin, dh'fhogh luim iad ciod is urrainn Dia na aonar a theagasg : sin re radh, gu'r urrainn duine, ann an *seadh spioradail*, a bhi air a “ bheatrachadh le h-aran a mhain ;” tha an leithide sin a 'teachd beo air Criosd, “ aran na beatha,” agus ann am mealltuinn na beatha so tha iad a sealbhachadh sogh is sogh-mhoire no tha na h-aingil fein a mealtuinn.

“ Ni'n do bhlaic aingil riamb gu h-ard,  
Gras na saorsa, is an gradh,  
A nochd an Slanuifhear na Bhas.”

*San aite mu dheireadh*, Bheir an deadh shear-eisdeachd an t-searmoin dhachaидh leis, agus mar bi aige ach beag aite air a son na cheann, bheir e oidhrip air tuilleadh aite fhaotainn na chridhe air a son ; ma chailleas e cuid do'n t-seadhl aice, ni e stri gu tuilleadh do'n aileadh aice a ghleidheadh. Tha deadh-ghiulan cumanta ag iarruidh gu'n sealladh na h-uile cosmhuil ri naoimh ann an aoradh follaiseach, ge'c ghiulain iad iad fein cosmhuil ri peacaich aig an tigh ; ach is e'n dearbhadh a's cinntiche air fear-eisdeachd tarbhach a ghiulan agus a dheadh chaitheadh-beatha an taobh a stigl d'a dhorsan ; tha tighean Dhe dhoibhsan cosmhuil ri aiteach an margaidh spioradail, as a sin tha iad a faotainn an goirei

spioradail, ach tha iad gan gnathuchadh agus g'an cnamh aig an tigh; am feadh a tha esan nach'eil ach na fhear-aidmheil a mhain, cosmhuil ri neach a tha dol do'n mhargadh cheudna, agus a pilltinn le bhascaid co falamh sa thug e leis i. "Agus tha iad a' teachd do d'ionnsuidh mar chruinneachadh sluaigh, agus tha iad a suidhe ann ad lathair mar mo phobull-sa, agus tha iad ag eisdeachd do bhriathran, ach cha'n'eil iad 'gan deanamh; oir tha iad a' taisbeanadh moran graidih le'm beu!, ach tha an cridhe a' dol an deigh an sainnt:" "Shearmon-aicheadh an soisgeul duinne, amhuil a rinneadh dhoibhsan: ach cha robh tairbhe dhoibh anns an fhocal a chaidh a' shearmonachadh, do bhrigh nach robh e air a mheasgadh le creidimh anns an droing a chual e:" Mar so theid an t-aingidh do'n mhargadh spioradail so co maith agus co tric feudaidh e bhith ris a chreideach, ach cha d'thoir e ni as, thig e mar a dh'fhalbh e, gu brath gus a'm bi an soisgeul air a mheasgadh ann le creidimh, gus an d'thigle da ionnsuidh, cha'n ann an am focal a mhain, ach mar an ceudna ann an cumhachd, agus anns an Spiorad naomh, agus ann am mor lan-dearbhachd," a toirt air pilltinn o "iodholaibh a dheanamh seirbhisi do'n Dia bheo agus fhior:" -Esec. xxiii. 31. Eabh. iv. 2 1 Tesal. i. 5, 9.

3. "Thugaibh an aire CO a dh'eisdeas sibh." Tha e air aithne gu'm biodh an t-easbuig, na fear-coimhead spioradail, neo-lochdach, gu'm biodh "deadh-theisteas aige na'm measg-san a tha an leth-muigh." Mar 'eil a leithid sin do chliu aige, cha'n'eil e iomchuidh air son a leithid sin do dhreuchd. Droch dhaoine, uime sin, biodh an tioblaca ge b'e air bith co mor, cha'n urrainn dhoibh gu brath a bhi nan searmonaicheadh maith: cha'n fhiach an searmoinean ni sam bith, na's lugha no tha iad air an dublachadh le urlabhradh a's oirdheirce a chaithe-beatha naomha agus eiseimpleireach: seadh, na's faide, mar is mo talanna an t-searmonaiche, is ann a's measa a bhitheas an ni a leanas o' shearmonachadh; oir am feadh a tha an Criosdui air a chradh, tha na cealgairean air an cruadhachadh nam peacannaibh; agus tha an t-ana-creideach ri buaidh-chaithreim an uair a tha an leithide sin do dhaoine nach'eil air an coisreagadh, a tha ag ainmeachadh ainm Chriosd, agus nach'eil a tregsinn eucoir, a gabhail do dhanadas searmonachadh.

Tha deadh-bheusan nadurra amhain an taobh a stigh do chomas coguis nadurra gu ruigheachd orra, eadhon aig an

ana-creideach fein; uime sin, is e'n searmonaiche deadhbheusach nadurra an t-Iudas sin a bhrathas a mhaighstir le poig: tha an torc-nimhe as an fhridh a deannadh na's lugha do chron anns na liosan a tha air an suidhe-chadh le duine, no tha an leithide sin do mhaistruidh alleadh ann an cu'aidbibh chaorach a deanadh ann an lios Tighearna nan sluagh. An leithide sin tha sinn a faotainn a mach gu'n robh iad ann, eadhen ann an ceud linnibh a chreidiadh Chriosdui. "Agus eiridh daoine dhibh fein, a labhras nithe fiara, chum deiscio-buil a tharruing 'nan deigh fein," Gnionh xx 30. Uime sin, thig daoine carach sligheach a lathair anns gach linn do'n Eaglais, nan cui-s-mhulaid do na daoine diadhaidh, agus nan ceap-tuislidh do'n t saoghal.

An dean an Criodui, uime sin, feitheamh air an leithidibh sin do chaoine? Am bi curam m'anama aig an duine sin, nach'eil a gabhail curam sam bith da'anam fein? Ni a tha cordadh ris an ni a tha Pol ag radh, "Oir mur aithne do dhuine a thigh fein a riagh-lachadh, cionnus a ghabhas e curam do eaglais Dhe?" Feudaidh e bhi cruaidh ra chonndhunadh co dhiu a tha tuilleadh uile air a dheanamh leis na teagasgaibh mearach-dach, no le droch caitheadh beatha nan abstola-breige sin; ma dh'eisdeas sinn iad, tha sinn na'r luchd-comhpart d'an droch oibre, agus a guidhe gu ma, subhach dhoibh. Daoine air an iompachadh le scleo bhriath-thraighe amhain, no le tiodhlacaibh an leithidibh sin do shearmonaichean, comhdaichidh iad aam bithechiontas a bhi do'n droch ghne cheudna riu fein; agus far am bheil iad, tha Eaglais Chriosd cinnteach gu bhi air a salachadh leo, am feadh a bhios muinntir iompaichte a mhinisteir naomh agus choisrigte aig Criod, (aig a'm feud tiodhlaca iosal agus suarach a bhi fathast, 'ged a robh iad tearc ann an aireamh) do'n deilbh cheart: agus "Ciod e am moll do'n chruth-neacha? deir an Tighearn;" "Cha do chuir mise na faidhean so a mach, gidheadh ruigh iad: cha do labhair mi riu, gidheadh rinn iad faisneachd. Ach nami biodh iad air seasamh ann am chomh-airle sa, an sin bheireadh iad air mo shluagh mo bhriathran eisdeachd, an sin bheireadh iad orra pilleadh o'n slighe agus o aingidheachd an deanadais; An Dia diu do laimb mise, deir an Tighearn? agus nach Dia mi am fad as? Feuch, tha mise'n aghaidh na muinntir a ta faisneachadh aislingean breige, deir an Tighearn, agus a ta 'gan innseadh, agus 'a toirt air mo shluagh-sa del air

seachran le'm breugaibh agus le'm briathra'bh faoine gidh-eadh cha do chuir ni's 'a mach iad, ni mo thug ni aithne dho bh; air an aobhar sin cha dean iad air aon chor tairbhe do a t-sluagh so, deir an Tighearn;" Oir "ma threorúicheas dall dall eile, tuitidh iad ar aon anns a' chlais;" mar so chi sinn nach'eil gealladh air bith aig muinntir, gu'm buannaich iad ni sam bith, le bhi fuidh eisd achd na'm ministeirean sin, nach'eil air an cur a mach le Dia. an aite buannachd a bhi aca, is ann a bhios aca call call siorruidh nach gabh leasachadh. ma bhasaicheas iad aineolach air Dia agus eas-umhal do'n t-soisgeul. Ier. xxiii. 21, 22, 23, 33. Matz. xv. 14.

4. "Thugáibh an aire, 'Cait an eisd sibh.'—Gu ma fearr leibh aran a bhi agaibh ann an sabhal na puinnsean ann an luchirt. Uime sin, is e'n dearbhadh a's laidire air intinn aineolach agus neo ath-nuadhaichte, an uair a ta sluagh a toirt aoraidh do Dhia, cosmhuil ri Phárisich, "a reir beul-aithris nan seanair;" gun a chuid is lugha do bhías spioradail, na do aithne ann an eadar-dhealuchadh a chua eadar firinn agus mearachd, eadar an doigh aoraidh a tha taitneach am fianuis Dhe, seach an t-aoradh nach'eil, eadh cosmhuil ri muinntir na h-Aithne, ag aor dh "do'n Dia neo aithnichte." Uaidhe so tha a'm fear-eaglais ann an coslas a mhain, air a phosadh ri ballachan an ionaid a dh'ionnsuidh an robh e na eige air a sheoladh gu dol, a saoilsinn gu bheil e ag atharcachadh a chreidimh, nan atharraicheadh e ionad-aoraidh; 'ged fheud e bhith, an deigh so uile, nach robh creidimh idir aige ri atharrachadh: am feadh a tha 'm fear a tha dealachte o'n eaglais ann an coslas (gu'n ni sam bith na's lugha do riasan chum a chreidsion) ag oibreachadh fuidh 'n chumhachd cheudna; mar so tha eadar-dhealuchadh bharailean am measg d'aoine air an raoighneachadh roimh fhírinneibh an t-soisgeil nach fheudar a mheas; agus tha, daoine aig nach'eil eolas air Dia tuilleadh a's bithchionta air an cumail suas le daoinibh agus misneach air a thoirt dhoibh, 'ged is iad luchd-mealluidh a chinne-daoine. "Anis bu mbic do Bhéil mic Eli; cha b'aithre dhoibh an Tighearna;" gidheadh bha iad, a frithealadh ann an dreuchd na sgartachd ar aon, air chor's gu'n d'fhuair an Tighearna crón do Eli an athair air an son, anns na briathraibh sin, ag radh, "C'ar son a tha sibh a' deanamh tair air m' iobairt, agus air mo thabhartas a dh'aithn mi ann am aite cómhnuidh,

agus a tha thu toirt urraim do'd mhic os mo chionnsa, gu sibh fein a dheanamh reamhar le roghadh uile thabhartas-aibh mo shluagh Israel?" Cluinneamaid a nis am breith-eanas a bhagair Dia air Eli air a shon so, "Agus an duine sin, agad nach gearr mi as o m' altair, bithidh e a chlaoidh do shul agus a chradh do chridhe: agus basaichidh uile ghineil do thighe ann an treine an neart. Agus bithidh so 'na chomhara dhuit, a thig air do dhithis mhac, air Hophni agus Phinehas: ann an aon la basaichidh iad le cheile:" Tha mor aobhar eagail a ghabhail, gu bheil lionmhoireachd do mhinisteirean agus do shagartan ann 'nar laithibh fein, do nach aithne an Tighearna, cosmhuil ri mic Eli: 1 Sam. ii. 12.—Leughaibh gu deireadh a chaibideil, agus faicibh ciod a tha an Tighearn ag radh: mar an ceudna faicibh, Ier. ii. 8.

A nis feudar na nithe so a thoirt fainear, agus fior Chriosduiean a bhi fathast air am fagail gu eadar-dhealuchadh coguisseach, mar a tha e do thaobh cuid do riaghailtean agus do chleachduinean o'n taobh a mach, ni an deigh so uile nach'eil a beantuinn do theisteas fhior chudthromach a Chriosdui—agus nach bu choir do na gnothaichean a's lugha daonna an rathad a thoirt do na gnothaichean a's mo? Gu cathachadh air son daoine agus buidhnichean air thoiseach air a bheannachadh sin nach feudar a mheas, an Soisgeul, is e clachagan boidheach a racighneachadh roimh neamh-nuidean luachmhор. Am bheil e comh-chordadh ri riasan no ri firinn, gu'n suidheadh am fear-eaglais fuidh mhearrachd agus obair mheallaidh o'n chrannaig, do bhrigh gu bheil e cluinntinn samhladh do bhriathra fallain air an liubhairt o'n aite shuidhe? Am bheil e dearbhadh gu'm bheil meas aig air na firinnibh fallain soisgeulach a tha air an cur sios ann an leabhar urnuigh na h-eaglais, an uair a tha e cluinntinn a bhi cur nan aghaidh co graineil leis a cheart neach a tha 'g'an leughadh? An dean am Fear a tha dealuichte o'n eaglais uaill a fior-ghloine aoraidh, labhairt le h-iongnadh mu thimchioll Saimh agus Laoidean an duine chrabhaich agus urramaich sin an t-Ollamh Watts, am feadh a tha'n Soisgeul air a shearmonachadh air chall anns a chomh-thional? Biadh e air a chuimhneachedh aig na h-uile am, gur e searmonachadh an t-soisgeil ann an laimh an Spioraid shiorruidh ordugh mor Dhe air son iompachadh agus slainte a chinne-daonna! Amhaircibh far an aill leibh,

anns gach comh-thional anns nach'eil an soisgeul; an sin tha 'm bas a buadhachadh.—Agus cait' air bith an i bheil e air a shearmonachadh, nach e focal na beattha e do'n luchd-eisdeachd? Am bheil peacaich mharbh sam bith air am beothachadh, ach leis an fhuaim aoibhneach sin a thaitort beattha? Ni'n comas do naoimh sam bith fas ann an gras, ach mar a dh'eisdeas iad focal a ghrais, leis am bheil iad amhain air an deanamh comasach, "gu fas suas do Dhia anns na h-uile nithibh"?

Shuidh deadh bhoirionnach aon uair fuidh eisdeachd Ministeir soisgeulach oirdheirc anns an eaglais. Shuidhichte; an deigh dhasan dol gu gloir, bha i fathast suidhichte air nach fagadh i'n eaglais, aon an dochas, gu'm biodh an soisgeul fathast air buanachadh anns an doigh cheudna, ach am fear a thainig an aite an duine mhaith so, ghnathaich e na h-uile comas a bha aige a chur an aghaidh na'm firinhibh a bha air an searmonachadh roimhe; air do fhaighidin na deadh-mhnatha a bhi air ruith a mach ann an uine bheag, runaich i mar so innte fein, ag radh, "Mar d'thig an soisgeul ann am dheighsa, le beannachadh Dhia theid mise na dheigh-sa :" agus bha i sona, bha sin aice ra fhaotainn ann an tigh-cruinneachaidh dlu dhi, ni nach robh na b'fhaide ra fhaotainn anns an eaglais.

Bha deadh-bhaintighearn eile ann air an robb mor mheas airson a h-ainm diadhaidh, a bha air a togail suas na neach dealuichte o'n eaglais, a shuidh fuidh mhinisteireachd aon a mheasg tomhas mor do'n mholl maille ris a chruithneachd; chaidh fheoraich dhi, cia mar a bha i na h-urrainn feitheamh air a leithid do mhinisteireachd, fhreagair i gu'n do 'ruiddil i am moll as a chruithneachd.' Ach nach biodh e na bu tarbh-aiche dhi an tigh-cruinneachaidh fhagail a dhol do'n eaglais, ma bha cruithneachd neo-mheasgta an t-soisgeil air a fhrith-ealadh innte? Agus an sin dh'fheudadh i a ruiddeal fhagail aig' an tigh : tha e na obair pheamasach suidhe le leithid do ruiddil am feadh a tha sinn ocrach agus a shreadh a bhi beathaichte.

Ann am briathraibh goirid, caite am ba choir do naoimh Iosa cruinneachadh, ach a'm measg comh thional nan naomh? far am bheil Dia na chuis eagail da rireadh: Ciod bu choir dhoibh a leantuinn co mor ri meall neulach teine na firinn dhiadhuidh? Agus ma tha Dia, ann an trocair ag amharc thairis air mearachdan ar n-eaglaisean talmhaidh, far am

bheil fathast a bheannachadh agus a chumhachd air-fhaireach duinn; nach feud duil a bhi againn, gun d'hoir an Tighearna maith maitheanas da sheirbhsich ann an nithibh a's lugha eudthrom, an uair a tha iad ag iarruidh an deigh nithe a gu neo-chriochnach na's mo cudthrom, sin re radh; ar t-aon teagasc a tha feumail chum slainte?

5. "Thugaibh an aire CUIN a dh'eisdeas sibh."—Clann bheag an uair a gheibh iad tuigse an toiseach, tha iad ga'm faotainn fein neo-uighimichte le h-eolas; uime sin, an uair a mhorthaicheas iad cion tuigse nan inntinn, tha iad gu nadurra ag iarruidh as a dheigh, agus a feoraich mile ceist; mar sin cha'n' e mhain gu bheil an Criosdui a tha air ur-bhreith ro mhion le feoraich, ach tha e gu bitheanta na fhear-eisdeachd mor shearimoinean; agus anns a chas so, ma tha e gu bhi air chliuthachadh ann an eud naomha, tha e air faghail air uairibh fada air deireadh ann an crionnachd; bu chuidhe dha bhi air theagasc gu caomhail, agus nih-ann air a dhiteadh le braise.

Gu feitheamh air an t-sabaid, is e dleasnas nan uile e, agus an coir dhligheach mar an ceudna; tha e dubailte an-iochd mhór, araon do'n chorp agus do'n inntin, an seirbhiseach a's bochda aig Dia chumail air ais o dhleasnas co cudthromach, o dhlighe co mor: ach ní'm feadar fiughair a bhi ri seirbhis amanna eile, ach a mhain mar a cheadaicheas staid ghnoth-aichean.

Tha sluagh an Tighearn air am faotainn am bitheontas a'm measg nam bochd, agus tha iad a fulang ceartas a mhallaichaidh, "Ann am fallus do ghuais ithidh tu aran: Mar'eil uime sin, aon chuid uine na cothrom aca air feitheamh co bitheonta sa bu mhiann leo air amanna tha air an orduchadh air son saothair laitheil; gidheadh am feadh a tha iad ri spairn air son an aran laitheil, cha bhi aran nan neamh a dhith orra: is e slighe an dleasnis an t-slighe thearuinte; feudaidh sinn tuilleadh sa choir eisdeachd, co maith ri tuilleadh a's beag; agus is fearr beagan air eisdeachd gu maith na moran air a dhroch eisdeachd; feudaidh siol an eolais a bhi air a chur, aon chuid tuilleadh is tana no tuilleadh is tiugh; is iad an dream a's fearr a ghabhas a steach eolas diadhaidh, a's fearr a bheir a mach toradh na fireantachd. Uime sin, feithidh an duine bochd na's fearr air tigh Dhe, an uair a ghairmeare, le guth-

ceadachidh an fhreasdail e; agus cha'n'e mhain gu'm feith e gu h-aoibhneach air an leithidibh sin do shochairean, ach ath-cheannaichidh e aimsir, chum's gu'm feud e'm'mealtuinn reidh ris an fhirinn.

Ach ni'm bheil an toirt fainear so a ruigheachd air na h-uile air chor sam bith; an leithidibh sin is urrainn a radh ann an tomhas gar leo fein an uine, bu chuidhe dhoibh am feum aice a thoirt thairis gu cliuteach chum am maith siorruidh. Is e'm' Biobull leabhar Dhia, air an aobhar sin, is cisde ionmhais ghliocais agus eolais e nach bi gu brath air a thraoghadh; am feadh a tha firinnibh araid an rola naomha sin air am foillseachadh co soilleir, is nach d'theid an luchdturuis, (ged nach bi annta ach daoine baoghalta, agus leanaban ann an eolas) air seacharan innte;" oir tha teisteas agus buaidhean Dhia gu bhi air an toirt fainear mar aon earrann do sheanachas an fhoillseachaidh dhiadhaidh, agus tha iad sin uile neo-chriochnach glormhor ann an naomhachd. Cia mar a's urrainn creatairean, a tha criochnach, na seanachais sin a tha neo-chriochnach a thuigsinn ? Ma tha nithe glormhor na cruitheachd eadhon os cionn ar tuigse, cia mor is mo na sin tha nithe glormhor neo-chruthaichte aig am bheil am bith ann an Dia a mhain, mar sin ! "Co le rannsachadh is urrainn an t-Uile chumhachdach fhaghail a mach gu h-ionlan?"

" Da oibre cha leir dhuinn ach cuid"

" 'S cha tuig sinn iad sin fein"

" Ach tairneanach a chumhachd mhoir"

" Co dh'fheudas chuir an ceil ?"

Ach tha 'm foillseachadh a tha air a thoirt seachad le Dia i buntuinn gu sonruichte do nithe glormhor na saorsa. An t-oibhinn do'n leithidibh sin a chaitheas am beatha agus bhasaicheas aineolach air na nithe glormhor sin ! Ach co's urrainn an airde agus an doimhne, am fad an leud aig radh Chriosd aithneachadh a tha dol thar na h-uile eolas ? Cha saibhreas Chriosd na shaibhreas do rannsachaidh. Uime in feudaidh Criosduiean an uine agus siorruidheachd a chaithadh ann am beachdachadh air saibhreas, agus air nithe lormhor nach faca suil, agus nach cuala cluas, agus nach thainig riamh ann an cridhe duine a thuigsin gu h-ionlan, gus fathast nithe glormhor a bhi aca fa'n comhair nach

urrainn cumhachdan cruthaichte gu bratha a thuigsinn. Ni'n bheil oibreachadh diadhaidh an Spioraid Naoimh air inntini mhic an duine na's lugha os cionn ar tuigse. Tha na h-ieng antais sin na's fearr air an tuigsinn am measg na-m muinnti sin a mhothaich iad; is e saoghal nuadh nan gras parras ai ath-bhuidhinn; anns an t-saoghal nuadh so tha am bith a; a mhuinntir ath-nuadhaichte, agus ann an so tha iad air a call ann an iongantas, agus ann an iongnadh solasach.

Cuiribh ris na nithe glormhor do-rannsachaide sin, n bheil fa chomhair a Chriosdui, aig am bheil uine agus cothrom gu fhas ann an eolas a mheudachadh an so, cia mor a t aige ri fhoghluim o' shamhlachan agus o sgaileachan a Scriobtuir, na h-iomadh earran chruaidh ra thuigsinn a th air am fagail dorcha airson le caochladh do dh'aobhair, agu an sin an fhairsingeachd mhor eolais a tha air thoiseach a ann an coimhlionadh faidheadaireachd. An sin seoraich eadh e dheth fein mar e dhlighe a's airde sudhe o fhoca a ghliocais cuin air bith a tha e air a fhrithealadh, agu gach cothrom a ghlacadh le dian thoghradh gu fas ann a gliocas agus ann an eolas De.

'Sfada a shuidh mi fuidh fhuaim  
Do shlainte O mo Thriath;  
Ach fathast 's'lag mo chreidimh air fhaotainn  
Agus 'm'eolas air do bhriathra.

'S tric mi tathaich t'ionad naomh  
Is ag eisdeachd ach beag an diomhain;  
Cia beag a chuibhrionn do d' ghras priseil  
A's urrainn mo chuimhne lag a ghiulan!

A Dhe mhor! pairtich do chumhachd rioghail  
A thoirt do t'fhocal mor bhuaidh  
Scriobh do shlainte air clar mo chridhe  
'S thoir orm do ghras fhoghluim gu luath.

Tha na h-earailean a tha air am faotainn anns an leabhar so, air an eadar-theangachadh o bheurla gu Gàldhlig, ag b'e barail an neach a dh'eadar-theangaich e, gu'm feuda e le comhnadh an Tighearn a bhi feumail d'a luchd duch aig nach eil eolas air a bheurla, oir is e bharail gu bheil m feum aca sin an aire inaith a thoirt do na h-earailean

adhon an ro-aire thoirt, *Ciod a dh'eisdeas iad, cia mar a dh'eisdeas iad, co a dh'eisdeas iad, cait an eisd iad, agus aon a dh'eisdeas iad;* agus a chuimhneachadh nach eil am for shoisgeul againn ra chluinntinn anns gach uile aite am heil teagascg air a thoirt seachad idir, ach ni nach soisgeul e, agus an aire thoirt 'ged is e'm fior shoisgeul a dh'fheudas inn a bhi 'g eisdeachd, mar eil e air a mheasgadh anuainn e creidimh, a drughadh air ar cridheachan, agus a leasachadh ar caitheadh-beatha, ann a bhi gluasad ann an uile aitheantibh agus ordughibh an Tighearna gu neo lochdach, an aite e bhi na bheannachadh dhuinn an cothrom a bhi againn; gu'r ann a bhios e na mhalluchadh dhuinn, agus na dhiteadh; Oir "is e so an diteadh, gu'n d'thainig an solus do'n t-saoghal, agus gu'n do ghradhaich daoine an dorchadas ni's mo na'n solus, a chionn gu'n robh an gniomharan olc;" Mar so tha an soisgeul do aon dream na "bholtrach beatha chum beatha, agus do dhream eile na bholtrach bais chun bais :" Tha e na chuis mhulaid, gu'm biodh an ni a dh'orduich Dia chum slainte chinne-daonna, a tionndadh a mach a chum an ditidh, agus am bais siorruidh; ach feumaidh gur ann mar so a bhios a chuis, nuair a bhuanachaes muinntir casumhal do'n ghairm neamhaidh. Tha e air innseadh dhuinn anns an fhirinn, Gu'm "foillsichear an Tighearn Iosa o neamh maille r'a ainglibh cumhachdach, Ann an teine lasarra a' deanamh dioghaltais air an droing aig nach'eil eolas air Dia, agus nach'eil umhal do shoisgeul ar Tighearna Iosa Criod: Muinntir air an deanar peanas le sgrios siorruidh o lathair an Tighearna, agus a ghloir a chumhachd :" So agaibh cuibhrionn na muinntir nach eisd an soisgeul ann an rathad slainteil, "Uime sin is coir dhuinn an ro thuileadh aire a thoirt do na nithe a chuala sinn, air eagal uair sam bith gu'n leigeamaid ruith leo: Oir ma bha am focal a labhradh le ainglibh easmhach, agus gu'n d'fhuaireach gach uile bhriseadh agus easumblachd diol-thuasdal diligeach; Cionnus a theid sinne as, ma ni sinn dimeas air slainte co mor? a thoisich an tus air a bhi air a labhairt leis an Tighearn, agus a rinneadh dearbhta dhuinne leosan a chual e :" Cha'n'eil deigh eile ann air dol as o sgrios siorruidh, ach le aithreachas a thaobh Dhe, agus le creidimh a thaobh an Tighearna Iosa Criod; oir is esan "an t-sligte an fhirinn agus a bheatha," uime sin is e'n t-aon ni feumail dhuinne sean agus og, bochd agus beairteach, tinn agus slan,

aithne ghabhail air ná nthibh a bhuiteas da'r sith shicrruidh  
mu'm bi iad air am folach o ar suilibh, " Feuch, a nis ar  
t-am taitneach ; feuch, a nis la na slainte ." " An diugh ma  
chluinneas sibh a ghuth, na cruidhichibh bhur cridhe."

---

*Printed by Young, Gallie, & Co.*

For the **GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY;**

And Sold at their **DEPOSITORY,** 10, Wilson-Street.

[Price, 8d. ~~8d~~ doz. or 5s. 4d. ~~4d~~ hundred.]



